

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

Diardaoين 24/8/17, 1000-1300

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Donald MacAmhlaidh
Dùghall MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgriobhadh geàrr-chunntas*)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Màiri Kidd.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 18/5/17

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Comharraichte.

5 Measadh Chunnartan

Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air na ceumannan a thathas a' gabhail gus stad a chuir air crionadh an luchd-amhairc, nam measg dòighean ùr-ghnàthach air sgrion agus cùisean eadar-obrachail le leithid Facebook live.

Thug an Stiùiriche Obrachaidh iomradh air cunnartan na roinne obrachaidh, gu h-àraidh na ceumannan a bhathas a' gabhail gus lùghdachadh a' chunnart co-cheangailte ri eucoir-saidhbear. Chaidh taing a thoirt don Stiùiriche Obrachaidh agus bha buill riaraichte agus taingeil air obair na roinne.

Aig an ath coinneamh, thèid an Àrd-Oifigear tro chunnartan corporra na buidhne (Gníomh: DC)

Bidh an companaidh a chaidh am fastadh airson Manaidseadh Chunnartan aig an ath coinneamh (Gníomh: NMG)

Cuiridh an Stiùiriche Ionmhais air adhart 4 raointean-obrach airson na h-ath sgrùdaidhean in-thaigh gu coinneamh na Comataidh as t-Samhain. (Gníomh: NMG)

6 Aonta na Co-bhanntachd

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an obair a bha a' dol gus ùrachadh a dhèanamh air Aonta na Co-bhanntachd agus chaidh deasbad a chumail.

Bho chaidh am pàipear seo a sgrìobhadh, chaidh buidheann-obrach, le Cathraiche a' Bhùird sa Chathair, a chruthachadh. Le dleastanas nas cumhaing na Aonta na Co-bhanntachd air fad, bidh am buidheann-obrach ag amas air ciamar a thathas a' cleachdadh goireasan an dà bhuidheann gu maith BBC ALBA. Bidh aithris ga thoirt chun Bhùird aig coinneamh 21/9/17.

7 Aithisg bhliadhnailean HR

Bha aithisg air beulaibh bhall. Thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air agus bha buill riaraichte. Chaidh na leanas a chomharrachadh:

- Chaidh fastadh a dhèanamh air dà neach ùr - Manaidean Conaltraidh agus Preseantair
- Chaidh fastadh a dhèanamh air neach air sgoilearachd le Sgoil Ealain Ghlaschu, leis an neach ag obair pàirt-ùine le LearnGaelic airson bliadhna air cùisean eadar-obrachail
- Cùisean a' dol gu math le IIP, le dùil ri aithisg a dh'aithghearr.

Bha pàipear ro-innleachd HR air beulaibh bhall agus chaidh a mholadh chun bhùird airson aonta. (Gníomh: MAMI)

Chaidh fàilte a chur air naidheachd gum biodh preantasan aig MG ALBA ann an co-bhonn le Comhairle nan Eilean Siar. Rachadh mìneachadh a dhèanamh air carson nach robh iad gu bhith maireachdainn ach aon bhliadhna agus gum biodh e soilleir dè na h-uallaichean a bha a' tuiteam air MG ALBA seach air buidhnean eile. (Gníomh: DC)

8a Poileasaidhean – measadh agus ùrachadh san fharsaingeachd

Bha pàipear air beulaibh bhall le tionndaidhean ùra de phoileasaidhean Sgeama Rianachd & Tiomnachaidh; Gnàth Riaghailtean; Riaghailtean Ionmhasail agus Poileasaidh Anabarrachd.

Bheachdaich a' Chomataidh air na ceithir poileasaidhean còmhla. Chaidh a chomharrachadh nach robh an Sgeama Rianachd & Tiomnachaidh a' sealltainn gu puineil uallach na Comataidh airson a bhith ag ath-sgrùdadadh bhuidseatan suas gu £200k no 10% (tha e an ceartuair a' sealltainn mar gum biodh ùghdarris air a thiomnadhan don Àrd-Oifigeair airson seo). Chaidh aontachadh am poileasaidh atharrachadh gus am bi cunbalas ann eadar e agus na Riaghailtean Ionmhasail. Le gealltanais gun tèid seo atharrachadh, agus an dèidh deasbaid agus molaidhean, bha buill riaraichte agus thèid na poileasaidhean air adhart chun Bhùird airson aonta as t-Samhain.

Poileasaidh Solarachaид agus Sgeama Thairgse – fhuaireas molaidhean bhon chompanaidh lagh air 14/8/17 agus thig am poileasaidh air beulaibh a' Chomataidh as t-Samhain. (Gníomh: NMG)

Thèid liosta ionlan de poileasaidhean na buidhne a chuir fa chomhair na Comataidh san t-Samhain (Gníomh: MAMI)

8b Poileasaidh Cairtean Creideis

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air cò aig a bha cairtean creideis sa bhuidheann, carson a bha iad aig daoine sònraichte agus dè an seòrsa cosgais a bha ga dhèanamh orra. Bha moladh air beulaibh bhall na h-àireamhan de chairtean a lùghdachadh gu ceithir agus chaidh seo aontachadh. Chaidh aontachadh coimhead ri am b' fhiach a bhith a' cleachdadhar cairtean fhiachan an àite cairtean creideis. (Gníomh: NMG)

8c Poileasaidh Àrainneachd – aithisg gèillidh

Chaidh innse gu robh lèirmheas air Poileasaidh Àrainneachd na buidhne an-dràsta ga dhèanamh leis a' Chomhairliche bhon taobh a-muigh. Thig seo air beulaibh a' Chomataidh as t-Samhain. (Gniomh: NMG)

8d Poileasaidh TUPE

Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur an cèill mar a bhiodh MG ALBA a' làimhseachadh cuspair TUPE mus e agus gum biodh e ag èirigh aig àm atharrachaidh luchd solair agus a' daingneachadh gur e uallach na buidhne a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh fios iomchaidh aig gach taobh (an t-seann solarache agus an solarache ùr) airson co-dhùnaidhean laghail mu TUPE a ruighinn, agus nach robh àite aig MG ALBA ann a bhith a' toirt beachd seachad. Bha comhairle laghail air a shireadh. Chaidh deasbad a chumail agus chaidh am poileasaidh a chomharrachadh.

8e Plana Leantainneach Ghnothaich

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Thèid deuchainn na bliadhna seo a chumail, gun rabhadh, san t-Sultain, a' coimhead ri suidheachaidhean aig lìre 3, far am faodadh duilgheadasan a bhith ann le siostaman togalaich sònraichte. Thig aithisg air ais chun Chomataidh as t-Samhain. (Gniomh: CMD)

9 Sgeama Peinnsein

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh leantainn leis a' chompanaidh a bha a' libhrigeadh an sgeama peinnsein agus gun tèid leirmheas tri-bliadhna a dhèanamh ann an 2018.

10 Dashboard air dèanadas

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh na duilgheadasan co-cheangailte ri dòighean-coimhidh daoine òga agus na nithean a dh'fhaodadh a bhith air a dhèanamh gus an iPlayer a chuir gu barrachd feum airson BBC ALBA a chomharrachadh, ann an co-theacs a cion airgid agus pàtran-coimhidh nàiseanta dhaoine òga.

Chaidh aontachadh sanasachd eadar-seanail a thogail le oifigearan àrd ìre a' BhBC agus thèid seo air clàr na buidhne-obrach air 2/10/17. (Gníomh: DC)

11 Aithisgean air leth

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

12 Pàipearan fiosrachaidh

Chaidh iad seo an comharrachadh.

13 GISBE

Sgrùdadadh in-thaigh air Manaidseadh Chunnartan – chaidh innse gun d' fhuaireas grunnan tagraighean a-steach agus an dèidh breithneachadh in-thaigh am measg an sgioba àrd-stiùiridh, chaidh an cùmhnan a thairgse do chompanaidh. Thadhal iad air an ofis air 15/8/17 agus bidh iad a' coinneachadh ris a' bhuidheann-stiùiridh ann an Steòrnabhagh air 19/9/17. Bidh dùil ri aithisg air ais ro dheireadh na Sultaine agus thig e fa chomhair a' Chomataidh san t-Samhain (Gníomh: NMG)

Cèilidh na Bliadhna Ùire - chaidh ceist a thogail am biodh cothrom ann co-roinneadh a dhèanamh air goireasan agus cosgaisean leis a' BhBC airson solarachadh an luchd-amhairc ann an coimiseanan san àm ri teachd. (Gníomh: NMG)

Cha bhi Cathraiche na Comataidh an làthair aig coinneamh a' Bhùird air 21/9/17 agus chaidh aontachadh gun toireadh Donaidh MacAmhlaidh iomradh air coinneamh an là an-diugh.

Deit na h-ath choinneimh – 9/11/17, Glaschu

Ainm sgriobhte a' Chatraiche:

Deit: